



## mathas

---

ro-ràdh .....	1-3
carbahaidhdreatan .....	4-5
pròtain .....	6-8
geirean .....	9-10
beothamanan .....	11-13
mèinnirean .....	14-15
uisge agus freumhag .....	16-17
geàrr-chunntas.....	18-22
duilleag-obrach stuthan-mathais (18), ag ithe gu fallain (19-20), bileagan fiosrachaидh bìdh (21), a' rannsachadh (22)	
a' dealbh bhileagan bìdh.....	23-24
leasachain bìdh.....	25-26
feumalachdan .....	27-31
dè na dh'fheumar de lùth? .....	32-33




'S e **eòlas-mathais** eòlas air biadh. Bidh eòlaichean-mathais a' sgrùdadadh na daitead againn (am biadh a dh'itheas agus a dh'òlas sinn)

'S iad **stuthan-mathais** na ceimigean neo-fhaicsinneach a tha sa bhiadh againn. Tha na ceimigean sin deatamach airson fàs, slànachadh, lùths, blàths agus dòn bho ghalairean. Cuidichidh iad a' bhodhaig ri obrachadh gu siùbhlach.

Tha e doirbh uaireannan rudan a thuigsinn nach eil sinn a' faicinn. Mar eisimpleir, chan fhaic sinn an èadhar timcheall oirnn ach tha fios againn gu bheil e ann. 'S ann mar sin a tha na stuthan-mathais sa bhiadh againn. Innsidh eòlaichean-mathais dhuinn gu bheil iad ann ach chan fhaic sinn iad.

**Smaoinich air na stuthan leis an dèan thu cèic.**



Chì sinn na stuthan fa leth a' dol a-steach dhan bhobhla. Nuair a tha iad air am measgachadh còmhla agus air am bruich, chan fhaic sinn iad, ach tha fios againn gu bheil iad ann.




Tha na stuthan fa leth neo-fhaicsinneach a-nis.

mathas

## ro-ràdh



**Tha còig buidhnean ann de stuthan-mathais agus tha obair shònraichte aig gach aon ri dhèanamh.**



Tha feum aig a' bhodhaig air **UISGE** agus **FREUMHAG (NSP)** cuideachd.

Tha obair eadar-dhealaichte aig gach stuth-mathais ri dhèanamh sa bhodhaig. Canaidh sinn FEUM ri seo. Canaidh sinn BUN ris a'bhiadh anns a bheil an stuth-mathais ri fhaighinn.



**Feumaidh sinn mòran bhiadhan eadar-dhealaichte ithe gus tinneasan mar seo a sheachnadh no a lùghdachadh:**

- **BRUTHADH-FALA ÀRD**

Nì seo an cunnart bho thinneas cridhe coronach nas miosa, agus gu tric 's e a bhith a' gabhail cus salainn no a bhith ro throm a tha ga adhbharachadh.

- **TINNEAS CRIDHE CORONACH**

'S e seo nuair a bhios geir a' steigeadh ri ballachan nan cuislean, agus a' stopadh nan cuislean a bhios a' cumail fuil ris a' chridhe.

- **FIOR REAMHRACHD/REAMHRACHD**

Tachraídh seo nuair a tha na bheir thu a-steach de lùth nas motha na chuireas tu a-mach de lùth.

- **STRÒC**

Tachraídh seo nuair a thèid dàil no stad air an fhuil a bhith a' dol chun na h-eanchainn.

- **TINNEAS AN T-SIÙCAIR**

Tachraídh seo nuair nach urrainn dhan bhodhaig smachd a chumail air an t-siùcar anns an fhuil air sgàth dìth 'insulin'.

- **GRODADH FHIACLAN**

'S e bacteria a nì seo le bhith a' biadhadh air corran bìdh nad bheul. Ri linn seo fàsaidh sgleò steigeach (plag) anns a bheil searbhag a leagas d'fhiaclan.

mathas

# carbahaidhdreatan

Tha dà sheòrsa charbahaidhdreatan ann.

## STALCAN



## SIÙCARAN



Faodaidh a' bhodhaig **siùcaran** agus **stalcan** a chnàmh agus a shùghadh.

Tha feum againn air stalcan agus siùcaran:

- gus lùths a thoirt dhuinn agus gus ar cumail blàth
- airson ruith agus leum agus cuideachd airson anail a tharraing, airson biadh a chnàmh, agus airson an cridhe a chumail a' pumpadh

### STALCAN:

- Lìonaidh iad sinn agus cha tèid an cnàmh cho luath leis a' bhodhaig
- Tha iad air an dèanamh le moileciuil nas iom-fhillte, agus canaidh sinn **carbahaidhdreatan iom-fhillte** riutha

Tha daithead anns a bheil tòrr charbahaidhdreatan iom-fhillte – biadh stalcach – air leth fallain agus cuidichidh e sinn ri ìre siùcair chunbalach a chumail.

Tha stalcan ann an aran, pasta, rus, buntàta, peasraichean agus gràn bracaist.

Bidh freumhag cuideachd ann an cuid de bhiadhan stalcach, mar eisimpleir aran làn-mhin, pònair, peasraichean, gràn agus pasta làn-mhin.

Thèid **siùcar** a shùghadh nas luaithe leis a' bhodhaig ach bidh siùcar cuideachd ag adhbharachadh **grodadh fhiacan**. Bidh na bacteria (bitheagan) air na fiaclan againn a' biadhadh air an t-siùcar agus a' dèanamh na searbhaig a mhilleas na fiaclan againn.

### CUIMHNICH!

**GLAN D' FHIACLAN AN DÈIDH DHUT BIADH LE SIÙCAR ITHE!**





mathas

# duilleag-obrach charbahaidhreatan

Cuir crìoch air gach paragraf le na faclan a tha air an toirt seachad.

**1. briosgaidean   cofaidh   cèicichean   tì**

**gràn   measan à crogan   shiùcar**

San dùthaich seo bidh sinn ag ithe fada cus de \_\_\_\_\_.

Cleachdaidh sinn siùcar ann an iomadach deoch, nam measg \_\_\_\_\_ agus

\_\_\_\_\_. Tha siùcar cuideachd ga chleachdad air \_\_\_\_\_

bracaist agus ann an \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_ -

\_\_\_\_\_, suiteis, silidh agus marmalaid.

**2. reamhar   ùbhlan   fiaclan   currain amh**

Nì siùcar cron air na \_\_\_\_\_ agad. Bu chòir dhut feuchainn ri greimean-bìdh mar \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ ithe an àite shuiteis.

Faodaidh tu fàs \_\_\_\_\_ cuideachd ma dh'itheas tu cus siùcair.

**3. carbahaidhdreatan iom-fhillte   freumhag   stalcan   cnàmh**

Cuidichidh \_\_\_\_\_ ri ar lìonadh agus thèid an \_\_\_\_\_

air an socair leis a' bhodhaig. Canaidh sinn \_\_\_\_\_ -

\_\_\_\_\_ ri stalcan cuideachd. Tha \_\_\_\_\_ cuideachd ann am

biadhan mar aran làn-mhin, pònair, peasraichean, gràn agus pasta làn-mhin.



**Ma dh'itheas sinn measgachadh de bhiadhan, bu chòir gum faigheadh sinn pròtain gu leòr.**

Tha pròtain a' cuideachadh na bodhaig gu FAS is SLÀNACHADH. Cha dèan biadh sam bith eile an obair seo.

Tha a' bhodhaig air a dèanamh suas à mòran sheòrsachan cheallan eadar-dhealaichte. Tha feum air pròtain airson na ceallan sin a dhèanamh. Feumar ceallan ùra a dhèanamh an àite nam feadhainn a tha air teirigeachdainn no air am milleadh le tubaist no tinneas.

Tha pròtain ri fhaighinn ann am biadh bho għlasraich is bho bheathaichean.

Bho għlasraich	Bho bheathaichean
<b>Pòran-cochallach</b> – a' fàs ann am plaosg – peasraichean pònair leantailean <b>Cnothan</b> <b>Min-choirce</b> T.V.P. (pròtain à għlasraich air a għiullachd) <b>Quorn</b> (planntrais beag coltach ri balgan-buachair)	<b>Feòil</b> <b>Bainne</b> <b>Càise</b> <b>Iasg</b> <b>Uighean</b>

Tha dotairean is eòlaichean daithead ag innse dhuinn gum bu chòir dhuinn nas lugha de gheir ithe. Tha tòrr de gheir bho bheathaichean ann am feòil dhearg, ann am bainne is ann an càise is uighean. Ith feòil gheal, leithid feòil-circe, no iasg no biadhan le pròtain bho għlasraich.



mathas

# pròtain

## OBAIR

- a. Sgrìobh sìos nas urrainn dhut de bhiadhan anns gach colbh gu h-ìosal.

Pròtain bho bheathach	Pròtain bho ghlasraich
1.	
2.	
3.	
4.	
5.	
6.	
7.	
8.	

- b. Cleachd na faclan bonn bhanca fhaclan gu h-ìosal gus na beàrnan a lionadh sna seantansan a leanas:

### Banca fhaclan:

a chur an àite  
fàs

tubaist  
gun sgur

pròtain

pàiste  
tinneas

- Tha sinn a' cleachdadadh \_\_\_\_\_ san daithead againn airson ceallan a dhèanamh.
- Feumaidh \_\_\_\_\_ ceallan ùra a dhèanamh airson \_\_\_\_\_.
- Tha feum air ceallan ùra \_\_\_\_\_ nam feadhainn a chaidh am milleadh le \_\_\_\_\_ no \_\_\_\_\_.
- Tro ar beatha tha na ceallan againn a' teirigeachdainn \_\_\_\_\_ is feumaidh feadhainn ùra tighinn nan àite.

c. Leugh gach liosta de bhiadh gu h-ìosal. Cuir loidhne fon bhiadh nach eil a' dol le càch. Mìnich ciamar a tha na 3 biadhan eile coltach ri chèile.

- Caise, uighean, rus, feòil

Mineachadh: \_\_\_\_\_

- Pònair soya, pònair-leathann, peasraichean, min-choirce

Mineachadh: \_\_\_\_\_

- Rus, cruithneachd, leantailean, seagal

Mineachadh: \_\_\_\_\_

**OBAIR****A bheil thu a' faighinn gu leòr pròtain?**

Gheibhear diofar irean de phròtain bho dhiofar bhiadhan. Gu h-ìosal, tha eisimpleirean dhe na tha de phròtain ann an cuid de bhiadhan.

**Gheibhear mu 6g de phròtain bho na biadhan seo:**


28g càise cruaidh

112g pònair, peasraichean no leantailean bruich

28g cnothan-thalmhainn

42g iasg

140g iogart

28g feòil bhruch gun mhòran geire,  
feòil-circe no anablach175ml baine – làn bhainne,  
bainne leth-lom, bainne lom**Gheibhear mu 2g de phròtain bho na biadhan seo:**

112g pasta bruich


28g gràn bracaist

28g flùr

28g aran

112g buntàta

112g rus bruich

**Tomhais dè na gheibhear de phròtain bhon bhiadh seo:**

Bracaist 28g gràn bracaist

= \_\_\_\_\_

175ml bainne

= \_\_\_\_\_

Biadh meadhain-latha 2 x 28g slisean arain

= \_\_\_\_\_

28g feòil-circe

= \_\_\_\_\_

140g iogart

= \_\_\_\_\_

Biadh feasgair 112g pasta

= \_\_\_\_\_

175g bainne (anns an t-sabhs)

= \_\_\_\_\_

28g càise

= \_\_\_\_\_

**Sùim iomlan de phrotain a dh'ith thu**

= \_\_\_\_\_



mathas

geirean

## Ciamar a tha an t-sùim seo an coimeas ris na dh'fheumas tusa de phròtain gach latha?

Bheir Geirean agus Olaichean **blàths** agus **lùths** dhan bhodhaig.

Tha na Beothamanan A agus D, a leaghlas ann an geir, anna.

### ACH

Tha dragh air dotairean agus eòlaichean-daithead oir bidh  
daoine ann am Breatainn ag ithe **cus bhiadhan làn geire**.



## Dè tha ceàrr air a bhith ag ithe cus geire?

Bidh gach geir a' toirt dhuinn blàths agus lùths.

Mura cleachd sinn a' gheir gu lèir a dh'itheas sinn, tasgaidh  
a' bhodhaig na tha còrr agus fàsaidh sinn reamhar.



## Dè th' ann an coileastarail?

'S e stuth coltach ri geir a bhios ainmhidhean agus daoine  
a' dèanamh a th' ann an coileastarail.

Chan eil e deatamach gun ith sinn coileastarail.

Bidh a' bhodhaig fhèin a' dèanamh gu leòr bho na geirean  
sùghe (bho bheathaichean) a dh'itheas sinn.

Ma dh'itheas sinn cus bhiadhan làn geire, gu sònraichte  
geirean sùghe (bho bheathaichean) laighidh coileastarail air  
ballachan nan **cuislean**.

Faodaidh seo na cuislean a stopadh agus **grèim-cridhe**  
adh Bharachadh.



## CUNNARTAN CO-CHEANGAILTE RI TINNEAS CRIDHE

smocadh eachdraidh teaghlaich aois bruthadh-fala àrd  
uallach daithead fior reamhrachd ro bheag de dh'eacarsaich alcol

Tha **geirean bheathaichean** rim faighinn ann am biadhan mar ìm, bàrr, càise agus  
saill feòla. Tha iad cuideachd rim faighinn ann an stuthan lusan mar ola cnò-còco.

Tha **geirean lusan** rim faighinn ann an ola a' chrainn-ola, ola neòinean-grèine, agus  
iasg làn ola.



mathas

## geirean

Lion na beàrnan anns na seantansan a leanas.

Bheir \_\_\_\_\_ agus olaichean \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ don bhodhaig. Tha na beothamanan \_\_, \_\_, a sgaoileas ann an \_\_, annta.

Canaidh sin geirean \_\_\_\_\_ ris na geirean bho bhathar bheathaichean.

**Tha dragh air dotairean agus eòlaichean-daithead mu dhaitead sluagh na h-Alba.  
Mìnich carson a tha seo.**

**Dè thachras ma dh'itheas sinn barrachd na dh'fheumas ar bodhaigean?**

**Dè th' ann an coileastarail agus dè thachras ma tha cus againn dheth?**


Thoir an aire air do chridhe  
Ith nas lugha de gheir.



# beothamanan a sgaoileas ann an uisge



**Tha beothamanan deatamach airson a bhith beò.**



Tha feum air a' bhuidhinn **Beothaman B** gus feum a dhèanamh de bhiadh carbahaidhreat agus gus siostam nan nearbhan a chumail fallain.

Gheibh sinn a' bhuidheann **Beothaman B** ann am biadh mar:



- Gràn
- Aran làn-mhin
- Min-coirce
- Beirm
- Hama
- Grùthan
- Feòil dhearg



Leughaidh tu mun bhuidhinn **Beothaman B** air pacайдean gràn bracaist

Tha feum air **Beothaman C** gus a' bhodhaig a chuideachadh ri slànachadh agus an craiceann a chumail fallain agus tha daoine a' smaoineachadh gun cuidich e ri cnatan a sheachnad.



Feumaidh tu 30mg de Bheothaman C gach latha

Millidh teas Beothaman C

Feumaidh Beothaman C a bhith air ithe gach latha



Bunan **Beothaman C:** measan ùra, gu sònraichte dearcan dubha agus measan citrus: orainsearan, liomaidean, teilean agus seadagan, lusan ùra, glasraich agus buntàta



Tha tòrr freumhaig anns na biadhan sin cuideachd, agus mar sin tha iad fior mhath dhuinn.

# beothamanan a sgaoileas ann an geir



**Tha beothamanan deatamach airson a bhith beò.**



Tha feum air **Beothaman A** gus lìngiadh na sròine agus na h-amhaich a chumail fallain agus gus fradharc a chuideachadh ann an solas truagh.



## Bunan Beothaman A:



Margarain  
Ìm  
Bainne  
Iasg làn ola  
Currain  
Tomàtothan  
Glasraich dhorcha



Tha feum air **Beothaman D** (leis a' mhèinnir calcium) gus cnàmhan agus fiaclan làidir a dhèanamh.

## Bunan Beothaman D:



Bidh dìth **Beothaman D** no Calcium san daitead ag adhbharachadh Balag agus Osteoporosis  
'S e solas na grèine am prìomh bhun  
Margarain (neartaichte)  
Uighean  
Ìm  
Bainne slàn  
Iasg làn ola  
Grùthan  
Ola Truisg





## OBAIR

**Tha thu a' dol a dheanamh òraid airson dà mhionaid.**

1. Tàgh aon dhe na beothamanan
2. Cleachd an t-eadar-lion / leabhairchean / no faodaidh tu bruidhuinn ri eòlaiche
3. Faigh a mach na rudan a leanas –
  - Carson a dh'fheumas sin e?
  - Dè am biadh às am faigh sin e?
  - Dè dh'fhaodadh tachairt dhut ma bhios gainnead àraid anns an daithhead agad?
  - Cò na buidhnean dhaoine as BUAILTICHE a bhith gann dhen bheothaman seo san daithhead aca?

## Calcium

Tha feum air **Calcium** cuide ri Beothaman D gus cnàmhan agus fiaclan làidir a dhèanamh.

**Gheibh sinn calcium bho na biadhan seo:**

bainne      iogart      aran      càise      sàrdainean      glasraich



Bidh clann nach fhaigh gu leòr calcium agus beothaman D bhon bhiadh aca a' fulang le galar air a bheil **RICKETS**.

Faodaidh daoine nas sine, gu h-àraighe boireannaich, nach d'fhuair calcium gu leòr fulang le **OSTEOPOROSIS**.

Faodaidh sinn rickets agus osteoporosis a sheachnadh ma dh'itheas sinn biadh le tòrr **calcium** agus **beothaman D**.

## Iarann

Tha feum air iarann gus


- stuth ris an can sinn haemoglobin a dhèanamh a chuireas an dath ann an ceallan fala deurga
- **cion-fala** a sheachnadh

Chan eil **iarann** ri fhaighinn ach ann am beagan bhiadhan agus mar sin cha bhi a h-uile duine a' faighinn iarann gu leòr san daithhead aca agus faodaidh **cion-fala** tighinn orra.

Bidh daoine air a bheil **cion-fala** a' faireachdainn sgìth agus **gun lùths**. Faodaidh coltas **bàn** a bhith orra cuideachd, ach chan eil cion-fala air a h-uile duine a tha bàn!

### Biadh sa bheil iarann:

grùthan, feòil dhearg, àirne, buidheagan uighe, glasraich dhorcha, còco, cnòthan, grànn bracaist, corned beef, pònair soya.





## Calcium

1. Dè am feum a bhios calcium a' dèanamh san daithead?

2. Dè am beothaman còmhla ris am bi calcium ag obair sa bhodhaig?

3. Faodaidh daoine nas sine fulang bho \_\_\_\_\_ mura bi calcium gu leòr aca.

4. Sgrìobh 4 biadhan sa bheil calcium

## Iarann

1. Tha feum air iarann gus \_\_\_\_\_ fallain a dhèanamh.

2. Mura h-eil iarann gu leòr san daithead, faodaidh sinn fulang le \_\_\_\_\_.

3. Dè na comharran air an tinneas seo?

4. Sgrìobh 4 biadhan sa bheil iarann



mathas

# uisge agus freumhag



Chan e mathais a th' ann an **uisge** agus **freumhag** ach tha iad deatamach dhan bhodhaig.

Feumaidh sinn uisge airson a bhith beò. Dh'fhaodadh sinn a bhith beò dà mhìos gun bhiadh ach cha sheasadh sinn ach trì no ceithir a lathaichean gun uisge. 'S e uisge a th' ann an timcheall air dà thrian den bhodhaig.



## Tha feum againn air uisge gus:

- lionntan bodhaig mar fuil a dhèanamh
- biadh a chnàmh
- teòthachd na bodhaig a riaghlaigh – nuair a bhios fallas oirnn bidh uisge a' deatachadh bhon bhodhaig agus cha bhi sinn cho blàth
- cuideachadh ri sgudal a chur a-mach às a' bhodhaig

Feumaidh cothromachadh a bhith ann eadar na tha a' dol a-steach de dh'uisge agus na tha a' tighinn a-mach gus cion-uisge a sheachnad. Tha eòlaichean a' moladh gun òl sinn eadar 6 agus 8 deochan le uisge san latha.

**Freumhag NSP** (poilisagaraighd neo-stalcach)**Tha freumhag:**

- a dhìth ma tha an siostam cnàmh bìdh gu bhith ag obair gu ceart
- a' cuideachadh ri sgudal a thoirt bhon bhodhaig agus mar sin a' cuideachadh ri teannachadh innidh a sheachnadh
- a' cur tomad agus dèanamh ris a' bhiadh againn
- a' cur stad air aillse agus tinneasan eile san innidh, thatar a' smaoineachadh

**Gus barrachd freumhaig ithe bu chòir dhuinn:**

- grànn bracaist le tàrr freumhaig, leithid Branflakes, Weetabix no Muesli ithe
- gu leòr de mheasan ùra, lusan agus sailead ithe
- pasta làn-mhin agus rus ruadh a thaghadh
- tàrr diofar sheòrsaichean de phònair agus de leantailean ithe
- aran làn-mhin a thaghadh an àite aran geal
- an rùsg fhàgail air buntàta nuair a tha sinn gan goil no a' dèanamh shliseagan
- buntàta air am bèiceadh a thaghadh seach buntàta prann ach am faigh sinn freumhag bhon rùsg





mathas

# duilleag-obrach

## stuthan-mathais



Cuir na litrichean a tha a dhìth ri na stuthan-mathais gus an fhreagairt cheart fhaighinn.

Feum	Stuth-mathais
am mèinnir airson chnàmhan agus fhiacan làidir	__ a l __ i u __
am beothaman airson deagh fhradharc	beothaman __
bu chòir dhuinn nas lugha ithe de seo	_ ei __      bh _____ a _ c _____ n
cuidichidh seo ri cion-fala a sheachnad	____ r _____
airson fàs agus slànachadh	p _____ a _____
cuidichidh seo siostam nan nearbhan	beothaman __
faodaidh cus dhe seo bruthadh-fala àrd adhbharachadh	s _ d _ _ m
tha seo air a dhèanamh le stalc agus siùcar	c _____ h _____
airson blàths agus lùths, ach faodaidh cus dheth tinneas cridhe adhbharachadh	____ r



Chan e stuthan-mathais a tha sna freagairtean seo, ach tha iad riatanach don bhodhaig:

cuiridh seo tomad ri biadh	f _____ h __
tha feum aig gach lionn bodhaig air seo	_ i ___



**Tha biadh a' toirt dhuinn mathas a tha deatamach gus ar cumail beò is fallain. 'S e ceimigean neo-fhaicsinneach sa bhiadh againn a tha ann am mathas.**

Beathachadh	Feum (Dè tha e dèanamh?)	Freumhan (Cait am faighear e?)	Iomradh
<b>Pròtain</b> a. Bho bheathach b. Bho ghlasraich	• Fàs is slànachadh dhan bhodhaig	<b>Pròtain bho bheathach</b> – feòil, iasg, uighean, càise, bainne <b>Pròtain bho ghlasraich</b> – peasraichean, pònair, leantailean, min-choirce, pònair soya, quorn is tofu	Tha gainead ag adhbharachadh kwashiorkor
<b>Geir</b> a. Bho bheathach b. Bho ghlasraich	• Airson teas is lùth	<b>a. Bho bheathach</b> – ìm, blonag, uachdar, feòil a tha làn geire <b>b. Bho ghlasraich</b> – ola a' chroinn-ola, ola an neòinein-grèine, iasg olach	Faodaidh cus dheth a bhith na adhbar air reamhrachd is tinneas cridhe
<b>Carbhaiddhdreatan</b> a. Stalc b. Siúcar	• Airson teas is lùth	<b>a. Stalc</b> – aran, buntàta, flùr, rus, pasta <b>b. Siúcar</b> – suiteis, silidh, mil, deochan le gas anna	Faodaidh cus siùcar a bhith na adhbar air reamhrachd is grodadh fiaclan
<b>Beothamanan</b> a. Beothaman A	• Airson fradharc fallain	Ola bho grùthan èisg, iasg olach, grùthan, bathar bainne, carotene ann am measan is glasraich orains/buidhe glasraich uaine	Faodaidh cion bheothaman A a bhith na adhbar air _____
b. Beothaman B	• Airson an siostam nearbhan sa bhodhaig a chumail fallain • A' cuideachadh gus lùth a thoirt à biadh	Flùr làn-mhin, min-choirce, beirm, feòil, grùthan, hama	Faodaidh cion bheothaman B a bhith na adhbar air an tinneas beri-beri
c. Beothaman C	• Airson craiceann fallain • A' cuideachadh le slànachadh ann an gearraidhean is lotan	Dearcan dubha, measan citrus, buntàta, glasraich uaine ùr	Faodaidh cion bheothaman C a bhith na adhbar air an tachas thioram
d. Beothaman D	• Airson cnàmhlan is fiaclan làidir	Margarain, iasg olach, ola-nan-trosg, uighean is solas na grèine	Faodaidh cion bheothaman D a bhith na adhbar air baclag

Mathas	Feum (Dè tha e dèanamh?)	Freumhan (Cait am faighear e?)	Iomradh
Mèinnirean a. larann	<ul style="list-style-type: none"> <li>Airson fradharc fallain</li> </ul>	Grùthan, feòil dhearg, àirne, buidheagan uighe, glasraich dorcha uaine, còco, cnothan, gràn bracaist, pònair soya	Faodaidh cion iarainn a bhith na adhbhar air cion-fala
b. Calcium	<ul style="list-style-type: none"> <li>Airson cnàmhan is fiaclan làidir</li> </ul>	Bainne, càise, uighean, cnàmhan èisg (me bradan). Tha e air a chur ri aran geal	Faodaidh cion calcium a bhith na adhbhar air baclag (rickets)
c. Sodium	<ul style="list-style-type: none"> <li>Gus smachd a chumail air lionntan na bodhaig</li> </ul>	Salann, iasg, glasraich	Faodaidh cion sodium a bhith na adhbhar air orc sna fèithean. Faodaidh cus sodium a bhith na adhbhar air bruthadh-fala àrd
Uisce	<ul style="list-style-type: none"> <li>Deatamach airson ar cumail beò</li> <li>Feumail airson uile lionntan na bodhaig, leithid fuil</li> <li>Feumail airson teòthachd na bodhaig a rèiteachadh</li> <li>Feumail airson biadh a chnàmh</li> <li>A' cuideachadh gus faighinn cuidteas stuth gun fheum às a'bhodhaig</li> </ul>	Uisce bhon tap, uisce ann am botal, deochan eile, measan is glasraich	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha eòlaichean a' moladh gum bu chòir dhuinn 6-8 deochan anns am bheil uisce òl gach latha</li> <li>Mura h-òl sinn uisce gu leòr, fàsaidh sinn sgreubhach</li> </ul>
Freumhag	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' spreigeadh an t-siostam-cnàmhaidh</li> <li>A' cuideachadh gus glasadh-cuim a sheachnadh</li> <li>A' cuideachadh gus ar cumail a' faireachdainn sàsaichte</li> <li>A' cuideachadh ann a bhith a' lùghdachadh cunnart bho thinneas innidh</li> </ul>	Aran làn-mhin, pasta làn-mhin, rus ruadh, peasraichean, pònair, leantailean, measan is glasraich is cuid de ghràin bracaist	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bu chòir do dh'inhich mu 18 gramaichean de fhreumhag ithe gach latha</li> <li>Bu chòir do chlann nas lugh a ithe on nach eil iad cho trom ri inbhich</li> </ul>



# bileagan fiosrachaidh bìdh

## Dè tha air bileag?

Tha bileagan air biadh gad chuideachadh gus taghadh a dhèanamh mun t-seòrsa bìdh a tha thu ag iarraidh a cheannach. Gun bhileag, ciamar a bhiodh fios agad dè bha anns a' phacaid?

A rèir an lagha, bu chòir am fiosrachadh a leanas a bhith air bileagan air biadh:

- Ainm is seòladh an neach a phacaig am biadh
- Ainm a' bhìdh
- Cuideam a' bhìdh
- Ceann-latha ro am b'fheàrr am biadh ithe
- Na stuthan ann an òrdugh
- Stiùireadh air mar bu chòir a bhruich/ithe
- Mar bu chòir a stòradh
- Fiosrachadh mu mathas
- Fiosrachadh sònraichte sam bith mun bhiadh

## Seo an seòrsa bileig a chithear gu cunbalach air biadh





mathas

# a' rannsachadh



**Cuir na litrichean a tha a dhìth ri na stuthan-mathais gus an fhreagairt cheart fhaighinn.**



Ainm na companaidh a rinn am biadh	Seòladh na companaidh a rinn am biadh
Ainm a' bhìdh	Dè am biadh a th' ann?
Liosta de na stuthan	Cuideam a' bhìdh
Cò ris a tha an còd-loidhne coltach?	Ciamar a bu chòir am biadh a stòradh?
Dè tha anns a' chomharra ceann-latha no an ceann-latha 'nas fheàrr ro'?	Dè thathas ag ràdh mun bhiadh?
Ciamar a tha fios agad gu bheil na thathas ag radh mun bhiadh fior?	Ciamar a bu chòir am biadh a dheasachadh?
Dè am fiosrachadh eile a tha ri fhaighinn air a' bhileig?	

# a' dealbh bhileagan bìdh (ag obrachadh Clipart)

Anns an obair seo, ionnsaichidh tu:

- Clipart a chleachdad
  - Clipart obrachadh
  - Group/Ungroup/Regroup
  - Bàr-innealan eadar-dhealaichte a chleachdad
1. Fosgail duilleag air **Word**
  2. Dèan cinnteach gu bheil an bàr-innealan **Drawing** beò (ath-obair)
  3. Cliog air far a bheil thu ag iarraidh Clipart a chur air an duilleig agad
  4. Cliog air **Insert → Picture → Clipart**
  5. Cleachd an goireas **Text Wrap** ann an **Bàr-innealan Picture** airson an deilbh agad (ath-obair)



**Fiosrachadh:** Mar as trice, 's e Clipart grunn de rudan air leth a tha air an cur còmhla. Cha ghabh dealbhan/iomhaighean a chaidh an sganadh a sgaradh bho chèile.

6. Cliog air ìomhaigh is cùm an cursar air an ìomhaigh gus am faigh thu crois
7. Cliog-deas is tagh **Grouping** is **Ungroup**
8. A-nis, cliog air diofar earrannan den chlipart is **Atharraich dathan (Change colours)/Dubh às pàirtean (Delete areas)/Gluais rudan mun cuairt. (Move objects around)**
9. Faodaidh tu a dhol air ais air atharrachaidhean a rinn thu le cliogadh air **CTRL + Z (mar a bha) no CTRL + Y (dèan a-rithist)**
10. Nuair a nì thu na h-atharraichidhean air fad, feumaidh tu a dhol gu **Regroup** gus an ìomhaigh a għluasad mar aon rud
11. Cliog air **Select Objects Tool** anns a' bhàr-innealan **Drawing**

# a' dealbh bhileagan bìdh (ag obrachadh Clipart)

12. **Dragh a-nall** an ìomhaigh gus a bheil a h-uile rud air a thaghadh
13. **Cliog deas** is tagh **Grouping** is **Ungroup**
14. Gabhaidh an ìomhaigh gluasad a-nis mar aon rud
15. Faodaidh tu Word Art a chleachdadadh airson tiotalan is msaa
16. Ma tha thu a' cleachdadadh Word Art ann an obair dealbhaidh air lèine-tì, **cuimhnich** gun tionndaidh thu e gu **Horizontal**. Tha seo airson 's gum bi e mar ìomhaigh sgàthain

**Dealbh pacageadh bìdh. Cleachd Clipart gus na leanas a dhèanamh:**

- Suaicheantas airson na companaidh
- Ainm a' bhathair
- Tuairisgeul air a' bhathar
- Mar a dheasaicheadh am bathar
- Ainm is seòladh na companaidh a rinn am bathar
- Liosta de stuthan
- Còd-loidhne

## OBAIR – DEALBH BILEAG





**Tha grunn adhbharan ann airson leasachain bìdh a chur ri biadh.**


- airson dath snog
- airson biadh a ghleidheadh
- airson blas nas fheàrr
- airson a dhèanamh milis
- airson dèanamh a' bhìdh a leasachadh agus a chumail  
(bidh cuid de bhiadhan a' briseadh)
- airson luach beatbachaidh a' bhìdh a leasachadh



CEIST AIRSON DEASBAD/GNIOMH RANNSACHAIDH

AIR AN EADAR-LÌON

An urrainn dhut innse carson a tha connspaid ann mu  
leasachain bìdh?



mathas

# leasachain bìdh

**Dè na duilgheadasan a dh'èireas bho:**



- Stuthan ceimigeach a chur ri biadh?
- Dòighean tuathanachais?
- Pacaigeadh?

**Daoine:****Beathaichean:****An àrainneachd:**

# feumalachdan

## FEUMALACHDAN

### Tha sinn ag ithe





Tha iomadh adhbhar ann airson biadh ithe ach, gus ar cumail fallain, tha e cudromach measgachadh de bhiadh ithe.

Bhon dealbh, chì sinn gu bheil a' chuid as mothad bhiadhan a' tighinn bho **phlanntaisean** no bho **bheathaichean**.

Ach, bidh atharrachaidhean gan dèanamh air biadh mus bi sinn ga cheannach. 'S e **giullachd** a chanar ri seo.

Tha biadhan air am meas air an giullachd:



- Ma tha iad air an glanadh, air an rùsgadh no air an craiceann a thoirt dhiubh, me buntàta no glasraich
- Ma tha dath no blas air a chur orra, me deochan
- Ma tha iad air am bruich ro-làimh no air an deasachadh ann an dòigh sam bith, me lasagne no paidhean
- Ma tha iad ann an canaichean, reòta no air an tiormachadh, me pònair, brot, glasraich no measan
- Ma tha iad air an leasachadh, me flùr no siúcar

## Feumalachdan dhaoine air biadh

Tha feumalachdan mathais eadar-dhealaichte aig a h-uile duine. Tha na feumalachdan sin ag atharrachadh mar as sine a tha sinn a' fàs. Aig amannan àraig, tha feumalachdan sònraichte againn. Mar eisimpleir, nuair a tha deugairean a' fàs gu luath, tha am feum air calcium a'dol am meud oir feumaidh iad dèanamh cinnteach gum bi na cnàmhan aca làidir.



### Aois

Nuair a tha leanabh a' fàs, tha e feumach air barrachd is barrachd de bhiadh beathachail gus a bhodhaig a neartachadh is a chumail fallain. Tha feumalachdan mòra lùith is mathais air òigearan is inbhich òga – tha iad a' fàs cho luath is tha iad an-còmhnaidh glè èasgaidh is gnìomhach. Chan eil feum aig daoine nas si ne air uimhir de lùth bho bhiadh 's a bha aca nuair a bha iad aig meadhan aoise oir tha am meatabolachd nas slaodaiche. Mar sin, tha e glè chudromach gu bheil mathas sa bhiadh a tha iad ag ithe.



## Fireann is boireann

Tha feum aig fireannaich air barrachd lùith bho bhiadh na tha aig boireannaich. Tha seo air sgàth 's gu bheil fireannaich nas mothà na boireannaich is tha barrachd stuth fèithe aca.

## Gníomhachd chorporra

Tha daoine a tha ri tòrr eacarsaich no daoine a tha ann an obraichean a tha trom air a' bhodhaig a' cur feum air barrachd lùith na daoine nach eil ri mòran eacarsaich is a tha nan suidhe aig an obair fad an latha.





### Feumalachdan sònraichte

- **Leatrom**

‘S dòcha gum feum boireannaich a tha trom barrachd bhiadhan ithe, gu h-àraig anns na trì mìosan mu dheireadh gus iad fhèin is an leanabh a chumail fallain. Tha seo air sgàth ‘s gu bheil am feum air lùth is air cuid de mhathais a’ dol am meud. Bu chòir do bhoireannaich a tha trom is boireannaich a tha a’ beachdachadh air fàs trom a bhith a’ gabhail searbhag foilic a h-uile latha.

- **Air a’ bhroilleach**

Nuair a tha leanabh air a’ bhroilleach, feumaidh boireannaich dèanamh cinnteach gu bheil biadhan san daithead aca a tha làn de na leanas – lùth, protain, calcium, fosfor, magnesium is sinc cho math ri beothamanan à buidheann B is beothamanan A, C is D. Tha seo gus am bi am bainne aca math.

- **Glasraichear**

‘S e glasraichear cuideigin nach bi ag ithe feòil, feòil-circe, sitheann, iasg, maorach no beathaichean sligeach leithid giomaich no stuthan sam bith a thig à taigh-spadaidh, leithid deileatain no geir bheathaichean.

**Carson, nad bheachdsa, a bhios  
daoine nan glasraichear an**

1. \_\_\_\_\_
2. \_\_\_\_\_
3. \_\_\_\_\_
4. \_\_\_\_\_
5. \_\_\_\_\_

‘S e fior għlasraichear a th’ ann an vegan. Ithidh e/i biadh bho phlantraisean ach chan ith e/i beathach sam bith no stuth sam bith bho bheathaichean.



mathas

# feumalachdan

## Feum air lùth

Tha feum againn uile air lùth bho bhiadh gus ar cumail beò is èasgaidh.

Tha feumalachdan eadar-dhealaichte aig daoine a rèir an aois, a rèir dè cho èasgaidh 's a tha iad is a rèir meudachd am bodhaig.

## Ciamar a nì thu feum de lùth bho bhiadh?

Tha moran lùith ri fhaotainn bho bhiadh anns a bheil tòrr geire. Tha an lùth sin ga thomhas ann an cilocalaraidhean (kcalories). Gheibhear 500kcal bho bhurgar mòr ann an rola is tha a' chuid as mothà dhe sin bho gheir. Mura h-eil thu airson seo a stòradh mar reamhrachd bodhaig, feumaidh tu a chosg le eacarsaich a dhèanamh. Ach, dh'fheumadh tu tòrr eacarsaich a dhèanamh. Air an duilleig seo gheibh thu a-mach dè na dh'fheumas tu a dhèanamh.

Nam biodh tu a' dannsadhbh gu cruaidh, chosgadh tu 170 kcalories ann am fichead mionaid. Dè cho fada 's a dh'fheumadh tu dannsadhbh gus 500 kcalories a chosg?



Nam biodh tu a' còmhradh air a' fòn, chosgadh tu 8 kcalories ann an uair a thìde. Dè cho fada 's a dh'fheumadh tu bruidhinn gus 500 kcalories a chosg?



mathas

# feumalachdan

Nan coisicheadh tu suas aon staidhre, chosgadh sin 5 kcalories.

'S e Tùr Canary Wharf an togalach as àirde san Rìoghachd Aonaichte is tha leth-cheud staidhre ann.

Nam biodh 500 kcal agad, cia mheud uair a b' urrainn dhut Tùr Canary Wharf a dhìreadh?



Tha a bhith ag obair aig deasg air obair-sgoile a' cosg 75 kcalories ann an uair a thìde. Dè cho fada 's a dh'fheumadh tu obair gus 500 kcals a chosg?



Tha a bhith a' cluich ball-coise a' cosg 140 kcalories ann am fichead mionaid. Dè cho fada 's a dh'fheumadh tu cluich gus 500 kcalories a chosg?



# dè na dh'fheumar de lùth?

Canar ìre meatabolach ris an ìre aig a bheil ar bodhaig a' cosg lùth. Tha a h-uile duine eadar-dhealaichte ach tha stiùiridhean ann mu an lùth a dh'fheumas sinn fhaighinn bhon bhiadh againn.

Ma tha barrachd cilocalaraidhean na chosgar air lùth anns a' bhiadh a tha thu ag ithe, thèid an cuideam agad suas. Ma tha nas lugha cilocalaraidhean na chosgar air lùth anns a' bhiadh, thèid an cuideam agad sìos.

## OBAIR

Tha an clàr gu h-iosal a' sealltainn nam molaidhean a thaobh na dh'fheumar de lùth gach latha.

Aois	Cilocalaraidhean gach latha (kcal)	
	Fireann	Boireann
0-3 mìosan		
1-3 bliadhna		
4-6 bliadhna		
7-10 bliadhna		
11-14 bliadhna		
15-18 bliadhna		
19-50 bliadhna		
51-59 bliadhna		
60-64 bliadhna		
65-74 bliadhna		
Còrr is 75 bliadhna		

### Dèan sgrùdadh air a' chlàr is freagair na ceistean a leanas:

Dè na dh'fheumas tusa de lùth? \_\_\_\_\_ kcal/\_\_\_\_\_ kj

Dè na dh'fheumas cuideigin aois seachdad 's a còig de lùth?

Fireann \_\_\_\_\_ kcal/\_\_\_\_\_ kj

Boireann \_\_\_\_\_ kcal/\_\_\_\_\_ kj



# dè na dh'fheumar de lùth?

## OBAIR

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn na dh'fheumar de lùth airson caochladh ghnìomhachdan a ghabhail os làimh.

Dè na tha sinn a' cleachdadadh de lùth airson diofar ghnìomhachdan?

Gníomhachd	An lùth a chleachdar (kcal gach mionaid)
A'suidhe	1.4
A'coiseachd gu slaodach	3
A'coiseachd gu luath	5
Obair aotrom	2.5 - 4.9
Teanas, dannsadhbh, a'trotan, air baidhsagal	5.0 - 7.4
A'ruith thar monaidh, ball-coise, a'snàmh gu luath	7.5

1. Dè na chosgadh tu de lùth nan coisicheadh tu luath airson leth-uair a thìde agus nan suidheadh tu a' coimhead T.bh airson uair a thìde? \_\_\_\_\_ kcal
2. Dè na chosgadh tu de lùth nan cluicheadh tu ball-coise airson uair a thìde? \_\_\_\_\_ kcal

## clàr-mìneachaidh

<b>ainmhidhean</b>	beathaichean
<b>anablach</b>	pìosan bho thaobh a-staigh beathaich a ghabhas ithe, mar an cridhe 's an grùthan
<b>beothamanan</b>	stuthan ann am biadh a tha riatanach don bhodhaig
<b>cion-fala</b>	cor far nach eil uimhir de cheallan dearga san fhuil agus as àbhaist
<b>coileastarail</b>	stuth a gheibhear ann am biadh bho bheathaichean agus a nochdas ann am fuli neach
<b>fior reamhrachd</b>	cuideam mòr a bharrachd air an àbhaist a th' air neach
<b>freumhag</b>	stuth ann am biadh a chuidicheas ri bhith a chnàmh
<b>iom-fhillte</b>	sa bheil tòrr phìosan
<b>osteoporosis</b>	cor anns am bris cnàmhan gu furasta air sgàth call stuth-bodhaige, gu tric air sgàth atharrachadh hormònach no dìth beothaman C no D
<b>reamhrachd</b>	cuideam a bharrachd air an àbhaist a th' air neach
<b>rickets</b>	galar sna cnàmhan air adhbharachadh le dìth beothaman D
<b>stalc</b>	carbahaidhdreatain geala ann an aran, buntàta 's msaa
<b>tinneas an t-siùcair</b>	daibòtas, galar far nach dèilig a' bhodhaig ri siùcar mar as còir
<b>tinneas cridhe coronach</b>	galar air adhbharachadh le cuislean stopte